

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Dochaidh

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 719. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 416 corresponds to Litir 719.

Bha mi a’ leughadh an latha eile mu ‘dochy’ – D-O-C-H-Y – nàdar de mhaide a bhathar a’ cleachdadh air a’ Ghàidhealtachd mar bhall-airm. Bha mi dhen bheachd an toiseach gur ann bhon Ghàidhlig a thàinig am facal, ’s gun robh e co-cheangailte ri *dochann*. Oir ’s iomadh dochann a chaidh a dhèanamh leis an dochaidh, a rèir choltais.

Cha chreid mi nach robh mi ceàrr, ge-tà. ’S ann bhon Ghàidhlig a thàinig am facal, ceart gu leòr, ach bho ainm-àite ann an Loch Abar – **Dabhach an Fhasaidh**, taobh Loch Lòchaidh. ’S e ‘Dochanassie Stick’ a chainte ris a’ mhaide ann am Beurla.

’S e bata goirid daraich a bh’ anns an dochaidh. Bha e trom is tiugh, le ceann mòr air. Bhiodh daoine gan giùlan aig àm sìthe airson an dìon, nuair a bha iad aig fèilltean-reic agus tiodhlacaidhean, is **gnothaichean dhen t-seòrsa sin**. Aig àm cogaidh, bha iad air an cur an dàrna taobh agus bhiodh daoine a’ giùlan chlaidheamhan, biodagan is dagaichean. Dhèanadh an dochaidh dochann ach, mar bu trice, chan adhbharaicheadh e bàs.

Bhiodh daoine a’ toirt dochaidhean leotha gu taighean-seinnse cuideachd. An uair sin, nam biodh sabaid ann, agus am mullach ìosal, bhiodh iad a’ greimeachadh an dochaidh na mheadhan. Nam biodh an ceann dheth trom gu leòr, bhiodh e fhathast ag obair gu math.

Tha e inntinneach gu bheil a’ dèanamh ceangal làidir eadar na Gàidheil agus deoch nàiseanta na h-Alba. Chan eil mi a’ ciallachadh ‘Ìrn Bru’ ach ‘uisge-beatha! ’S ann bho uisge-beatha a tha sinn a’ faighinn na Beurla *whisky*. Agus bha na Gàidheil riamh measail air uisge-beatha. Nach robh ar sinnsirean ga dhèanamh gu tric?!

Ann am beul-aithris, tha deoch làidir eile a’ nochdadh gu minig cuideachd – tè nach robh air a dhèanamh ann an Alba – branndaidh. Seo cunntas beag de dh’òl branndaidh à dùthaich nan Camshronach, faisg air Dabhach an Fhasaidh. Tha e a’ dol air ais gu deireadh Bliadhna Theàrlaich. Bha arm a’ Phrionnsa a’ teicheadh àn dèidh Chùil Lodair. Ann an dòigh air choreigin, bha iad air sia botail branndaidh a ghoid bho stòras an riaghaltais ann an Cille Chuimein.

Ràinig iad Abhainn Lòchaidh air an oidhche. Bha iad a’ dèanamh air Ach na Cairidh, àros Camshron Loch Iall. Bha na saighdearan dearga air a h-uile bàta aig na Camshronaich a chur na smàl. Ach chaill iad aon tè – seann choit mhosgain a bh’ air a bhith air Loch Airceig. Bha i ag aoidion ach dhèanadh i a’ chùis ann an èiginn.

‘An gabh sibh dram branndaidh?’ thuirt fear de na Camshronaich ris a’ Phrionnsa. ‘Gabhaidh,’ fhreagair Teàrlach, agus ghabh a h-uile duine dram mus deach iad don t-soitheach. Dh’òl iad trì botail eatarra. Bha trì air fhàgail.

Ghabhadh a’ choit dìreach an treas cuid dhen t-sluagh. B’ fheudar dhi trì tursan a ghabhail tarsainn na h-aibhne. Air an treas turas, thuit na trì botail branndaidh agus bhris iad

am broinn a' bhàta. Mheasgaich am branndaidh le uisge salach – an taoim – ann am bonn a' bhata.

Ach cha do chuir sin stad air na Camshronaich. Bha iad cho dèidheil air deoch 's gun do dh'òl iad a h-uile boinne dhen taoim! S dòcha gur e a bh' ann ach dòigh airson diochuimhneachadh mar a dh'fhuiling adhbhar a' Phrionnsa air blàr a' bhatail agus mar a bhiodh droch làithean romhpa.

* * * * *

Faclan na Litreach: dochaidh: *dochy (Dochanassie stick)*; dochann: *hurt, injury*; fèilltean-reic: *sales*; tiodhlacaidhean: *funerals*; uisge-beatha: *whisky*; gu minig: *often*; Bliadhna Theàrlaich: *1745-6*; Loch Airceig: *Loch Arkaig*; ag aoidion: *leaking*; dèidheil air: *keen on*.

Abairtean na Litreach: nàdar de mhaide a bhathar a' cleachdadh mar bhall-airm: *a type of stick that was used as a weapon*; cha chreid mi nach robh mi ceàrr: *I reckon I was wrong*; bata goirid daraich: *a short oaken stick*; gan giùlan aig àm sìthe airson an dìon: *carrying them at time of peace to protect themselves*; claidheamhan, biodagan is dagaichean: *swords, dirks and pistols*; chan adhbharaicheadh e bàs: *it wouldn't cause death*; a' greimeachadh an dochaidh na mheadhan: *grasping the dochy around its middle*; nach robh ar sinnsirean ga dhèanamh gu tric?: *weren't our ancestors making it often?*; cunntas beag de dh'òl branndaidh à dùthaich nan Camshronach: *a short account of drinking brandy from the country of the Camerons*; a' teicheadh àn dèidh Chùil Lodair: *fleeing after Culloden*; ann an dòigh air choreigin: *in some way or other*; bha iad air sia botail branndaidh a ghoid: *they had stolen six bottles of brandy*; stòras an riaghaltais ann an Cille Chuimein: *the government store in Fort Augustus*; Ach na Cairidh, àros Camshron Loch Iall: *Achnacarry, the big house of Cameron of Locheil*; bha na saighdearan dearga air a h-uile bàta a chur na smàl: *the redcoats had burned every boat*; seann choit mhosgain: *a rotten old boat*; dhèanadh i a' chùis ann an èiginn: *it would do the job in an emergency*; dìreach an treas cuid dhen t-sluagh: *only a third of the people*; mheasgaich am branndaidh le uisge salach – an taoim: *the brandy mixed with dirty water – the bilge water*; mar a dh'fhuiling adhbhar a' Phrionnsa: *how the Prince's cause suffered*.

Puing-chànain na Litreach: **Dabhach an Fhasaidh**, taobh Loch Lòchaidh: *Dochanassie, beside Loch Lochy. The old Pictish land division the davach is Gaelicized dabhach. But, through the centuries, the pronunciation in Gaelic changed from 'DAV-och' to 'DA-och' or 'DOCH'. Some authorities would give Dochanassie as Dabhach an Fhasaidh and others as Doch an Fhasaidh. It means 'the davoch of the dwelling' (fasadh). A similar change took place with the old Gaelic place-name Abhach 'water place' on the Black Isle; it is anglicised 'Avoch' based on the original Gaelic pronunciation. Today it is pronounced 'A-och' in Ross-shire Gaelic and 'Och' in English. The 'v' has become silent in both languages and makes for puzzled looks among visitors when told how to pronounce the village's name!*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **gnothaichean dhen t-seòrsa sin:** *matters of that nature.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA